

# A' rànaich



## 'S e dòigh conaltraidh a th' ann an rànaich

Bidh a h-uile pàiste a' rànaich. 'S e sin an dòigh aca air a ràdh, "Tha an t-acras orm," "tha mi cadalach," no "tha mi ag iarraidh cudail!" Uaireannan tha iad dìreach airson a bhith ri rànaich.

Dh'fhaodte gu bheil e a' cur ri uallach agus gu bheil e sàrachail ach tha rànaich àbhaisteach. Chan eil thu a' dèanamh dad ceàrr.

Gheibh thu tòrr mholaidhean mu bhith a' socrachadh do phàiste bhig aig [parentclub.scot/crying](https://parentclub.scot/crying)



Agus cuimhnich, tha e ceart gu leòr coiseachd air falbh airson beagan mhionaidean ma tha an rànaich a' cur dragh mòr ort, cho fhad 's a tha do phàiste sàbhailte. Is e an deagh naidheachd, gum bi leanabhan mar as trice a' tòiseachadh air rànaich nas lugha gach seachdain às dèidh mu 8 seachdainean. Gheibh foighidinn furtachd!

## Dèan cinnteach gu bheil plana agad

Cò as urrainn do chuideachadh ma tha taic a dhìth ort? Dè bhios gad chuideachadh gus socrachadh?

**Ge b' e dè cho sgìth no cho sàraichte 's a tha thu a' faireachdainn, nà crathaich pàiste uair sam bith.**



Gheibh thu tòrr mholaidhean gus do phàiste beag a shocrachadh aig [parentclub.scot/crying](https://parentclub.scot/crying)

Airson comhairle agus taic, cuiribh fòn gu loidhne-cuideachaidh Cry-sis air **0800 448 0737**